

Plana Gàidhlig SNS na h-Alba 2012-2017

Facal-toisich

Tha mi gu math toilichte taic a chur ri Plana Gàidhlig SNS na h-Alba a chaidh a chur ri chèile fo chumhaichean Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Tha Bùird SNS le àireamh nach beag de luchd-labhairt Gàidhlig, NHS nan Eilean Siar agus NHS na Gàidhealtachd nam measg, air planaichean ullachadh mar-thà gus a dhearbhadh gun toir iad a' Ghàidhlig a-steach mar as iomchaidh anns na h-obraichean bunaiteach aca, libhrigeadh seirbheisean-slàinte nam measg. Tha am Plana seo a' gabhail gnothaich ris na prìomh obraichean corporra aig SNS na h-Alba, fo na cinn Ìomhaigh, Conaltradh agus Luchd-obrach. Tha na h-obraichean seo an urra air a' chuid as motha ris na Bùird-shlàinte nàiseanta a chumas taic ri SNS.

Agus suidheachadh an ionmhais mar a tha e an-dràsta, tha e deatamach fhèin gun cleachd sinn goireasan SNS mar as iomchaidh. Tha am Plana Gàidhlig seo a' mìneachadh nan ceum a tha san amharc againn cur an altaibh a chèile mar thaic ri cur air adhart na Gàidhlig air feadh SNS na h-Alba tro na gnìomhan is na goireasan a th' ann an-dràsta. Tha e mar amas aig na ceuman seo cur ri inbhe, cur air adhart cleachdadh agus brosnachadh ionnsachadh na Gàidhlig.

Buinidh a' Ghàidhlig ri Alba gu lèir. Is e an dìleab againn fhìn a tha innte, na cuid de bheatha chultarail shaidhbhir is fharsaing na h-Alba agus tha i aig cridhe ìomhaigh na dùthcha againn. Feumaidh sinn dèanamh cinnteach gun gabh sinn na ceuman a tha a dhìth ann an aithghearrachd gus an t-àite aice a dhaingneachadh anns an àm air thoiseach. Gheall Riaghaltas na h-Alba clàr adhartach de gheallaidhean Gàidhlig agus tha mi cinnteach gun cuidich Plana Gàidhlig SNS gus barrachd taice a chur ris na geallaidhean seo.

Tha mi a' moladh dhuibh dreach den Phlana Ghàidhlig againn agus nì mi fiughair ris na beachdan agaibh fhaighinn.

NICOLA STURGEON

RÙNAIRE A' CHAIBINEIT AIRSON SLÀINTE, SÀR-MHAITHEIS AGUS RO-INNLEACHD BHAILTEAN MÒRA

Clàr-innse

CLÀR-INNSE	2
1. RO-RÀDH	3
1.1 Achd na Gàidhlig (Alba) 2005	3
1.2 SNS na h-Alba	4
1.3 Gàidhlig ann an Raon-obrachaidh SNS na h-Alba	5
1.4 Plana Gàidhlig SNS na h-Alba	6
2. GEALLAIDHEAN SNS NA H-ALBA	7
2.1 Ìomhaigh	7
2.2 Conaltradh	10
2.3 Luchd-obrach	11
3. CUR AN GNÌOMH IS DEARCNACHADH	13
4. SAN DEALACHADH	14

1. Ro-ràdh

1.1 Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

Seo àm cudromach fhèin airson cor na Gàidhlig. Tha cor na Gàidhlig mar chànan beò ann an Alba fo bhagairt le àireamhan a' dol sìos den fheadhainn a bhruidhneas a' Ghàidhlig gu fileanta ann an dùthaich nan Gàidheal. Ghabhadh ri Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 le Pàrlamaid na h-Alba an rùn inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba leis an aon sùim agus a thathar a' gabhail don Bheurla.

Fear de na mìrean as cudromaiche de dh'Achd 2005 b' e gun do stèidhich e Bòrd na Gàidhlig mar phrìomh bhuidheann-leasachaidh Ghàidhlig Riaghaltas na h-Alba gus tuigse, cleachdadh is cothrom air cànan is cultar na Gàidhlig a mheudachadh. Chuir Bòrd na Gàidhlig (air am bithear a' gabhail bho seo a-mach am broinn seo, am Bòrd) Plana Nàiseanta na Gàidhlig ri chèile mar shealladh farsaing air na feumalachdan a tha ann a thaobh leasachadh na Gàidhlig, a' gabhail a-steach togail a' chànan, cleachdadh a' chànan, inbhe a' chànan agus corpus a' chànan. Tha e a' cur an cèill nan tàbhachdan a thaobh leasachadh na Gàidhlig agus a' comharrachadh bhuidhnean a dh'fhaodas cuideachadh gus an toirt gu buil.

Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig a' cur air adhart a' phrionnsapail mu spèis cho-ionann, mothachail gum bi luchd-cleachdaidh na Gàidhlig a' feuchainn ri Gàidhlig a chleachdadh cho bitheanta agus a ghabhas gach latha. Tha am Plana a' brosnachadh fialaidheachd a thaobh na Gàidhlig air feadh na h-Alba, agus ag iarraidh nach bu chòir don chànan fulang le cion spèise aig ìre daoine aonair no ìre chorporra. Tha am Bòrd ag ràdh ann a bhith a' gabhail na h-aon spèise don Ghàidhlig gu bheil sin a' ciallachadh leis fhèin gun gabhar ri Gàidhlig agus Beurla air an aon dòigh, no gum bu chòir gum biodh ìre shònraichte de dh'ullachadh Gàidhlig anns a h-uile suidheachadh. Seach seo, bidh am Bòrd a' brosnachadh bhuidhnean poblach a dh'fheuchainn, ge b' e dè an suidheachadh anns a bheil iad a thaobh cànan, a bhith taiceil agus fialaidh a thaobh leasachadh na Gàidhlig agus gun toir iad cothrom air Gàidhlig chun na h-ìre as motha a tha iomchaidh a rèir an t-suidheachaidh aca fhèin. Nuair a bhios seirbheisean gan lìbhrigeadh anns a' Ghàidhlig, feumaidh iad a bhith air an aon rèir is aig car an aon ìre ris an fheadhainn a thathar a' lìbhrigeadh anns a' Bheurla.

Tha stiùireadh reachdail a' Bhùird¹ a' toirt seachad comhairle mu chruth is mu shusbaint. Bu chòir gum biodh Planaichean Gàidhlig coileanta, air an aon rèir ri suidheachadh sònraichte na buidhne poblaich a tha ga chur ri chèile, agus bu chòir dha beachd a ghabhail air nithean leithid àireamh luchd-labhairt san raon-obrachaidh aca agus an comas a tha ann cur ri cleachdadh a' chànan.

Tha de dh'ùghdarras aig a' Bhòrd iarraidh gu reachdail air buidhnean poblach Plana Gàidhlig a chur ri chèile agus an-dràsta tha àireamh de bhuidhnean poblach, comhairlean, Riaghaltas na h-Alba agus Pàrlamaid na h-Alba nam measg, air cead fhaighinn airson nam planaichean aca agus am foillseachadh.² Thathar air iarraidh air SNS na h-Alba a-nis Plana Gàidhlig a chur ri chèile a chuireas an cèill mar a nì sinn ar cuid fhèin gus àite seasmhach a chruthachadh airson na Gàidhlig ann an

¹ Bòrd na Gàidhlig 2007. mu chur ri chèile Planaichean Gàidhlig
<http://www.gaidhlig.org.uk/en/our-work/gaelic-language-plans.html>

² Faicibh làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig mar gu h-àrd

Alba le bhith a' cur ris an inbhe is an ìomhaigh a tha aice agus a' cruthachadh chothroman gus a bhith ga cleachdadh. Tha Achd 2005 cuideachd ag iarraidh air buidhnean poblach ullachadh a' Phlana Ghàidhlig aca a thoirt gu aire nan daoine ud aig a bheil ùidh ann agus gus seo a dhèanamh, tòisichidh co-chomhairleachadh mun dreachd Phlana aig SNS na h-Alba san Fhaoilleach 2012 agus thèid am Plana mu dheireadh fhoillseachadh anns a' Ghiblean 2012.

1.2 SNS na h-Alba

Is e rian cùram-slàinte na h-Alba air a mhaoineachadh gu poblach a tha ann an SNS na h-Alba. Tha ullachadh cùram-slàinte ga eagrachadh tro 14 de bhùird-shlàinte ionadail agus ochd bùird nàiseanta, air a bheil a' gabhail aig amannan bùird-shlàinte shònraichte. Bidh na bùird-shlàinte ionadail a' dèanamh rianachd air seirbheisean geura agus fo chunnradh, air a' chuid as motha tro na taighean-eiridinn, tro ghoireasan is chunnraidhean le luchd-solair neo-eisimeileach leithid dhotairean agus luchd cungaidh-leigheis. Bidh na bùird-shlàinte cuideachd a' toirt seachad sheirbheisean do choimhearsnachdan tro na Com-pàirteachasan Slàinte Coimhearsnachd, no tro Chom-pàirteachasan Slàinte is Cùram Coimhearsnachd far a bheil cùram-slàinte agus cùram sòisealta gan toirt còmhla. Bidh bùird-shlàinte agus com-pàirteachasan ionadail a' co-òrdanachadh cuideachd leis na h-ùghdarrasan ionadail is na h-eagrachaidhean saor-thoileach anns na crìochan aca fhèin. Air 30 Sultain 2011 bha barrachd is 161,400 de luchd-obrach, nam measg barrachd is 65,000 de dh'altraim is de mhnathan-glùine agus mu 13,300 de luchd-obrach ri leigheas is deudaireachd le còrr is 4,700 de luchd-comhairleachaidh nam measg. Tha cuideachd faisg air 5,000 de dhotairean-teaghlaich agus còrr is 3,000 de dheudairean-teaghlaich agus mu 11,300 de luchd-dreuchd ceangailte³.

Tha na 14 bùird-shlàinte a' faighinn cuideachaidh bho na h-ochd bùird nàiseanta air a bheil iomradh gu h-ìseal:

- Foghlam SNS na h-Alba: an urra ri leasachadh is libhrigeadh foghlaim is trèanaidh don fheadhainn a tha ag obair aig SNS na h-Alba.
- Thàinig Leasachadh Cùram-slainte na h-Alba: gu bith air 1 Giblean 2011, agus e a' togail air obair a chaidh a dhèanamh roimhe le Leasachadh Càileachd SNS na h-Alba agus le Coimisean Cùraim
- Tha Seirbheisean Nàiseanta SNS na h-Alba: a' toirt seachad farsaingeachd sheirbheisean, nam measg Seirbheisean-fiosrachaidh, Dìon-slàinte agus Goireasan-slàinte.
- Slàinte SNS na h-Alba: a' bhuidheann-gnìomha nàiseanta ri leasachadh air slàinte agus lùghdachadh mì-chothromachaidh ann an slàinte
- Seirbheisean Carbad-eiridinn na h-Alba: an aon seirbheis-èiginn poblach airson nan carbadan-eiridinn ann an Alba
- Ionad Uairean-feitheimh Nàiseanta aig SNS na h-Alba: Bòrd sònraichte aig SNS na h-Alba gus uairean-feitheimh a lùghdachadh, stèidhichte aig Taigh-eiridinn Jubilee an Òir ann an Dail Chluaidh.
- Bòrd Taighean-eiridinn Stàite na h-Alba – an urra ris an Taigh-eiridinn Stàite ann an Caisteal Tarrais, a libhrigeas seirbheisean àrd-tèarainteachd do dh'eucoraich le mì-rian inntinn a tha nan cunnart dhaibh fhèin agus do dhaoine eile.
- NHS24: A bheir cothrom a-mach à uairean air cùram-slàinte, agus fiosrachadh do dh'euslaintich air NHS Inform.

³ Scottish Government Health Analytical Services 2011.

Chaidh '2020 Vision' aontachadh airson SNS na h-Alba san t-Sultain 2011 mar a leanas⁴:

'Ro 2020 bidh rian cùram-slàinte againn far am bi prìomh chùram agus cùram sòisealta air an toirt còmhla againn, cuideam air casg, rùn agus fèin-rianachd le taic gus am bi beatha nas fhaide is nas fhallaine aig a h-uile duine aig an taigh no anns a' choimhearsnachd uimhir is a ghabhas. Nuair a bhios làimhseachadh ann an taigh-eiridinn a dhìth, agus nach gabh e toirt seachad ann an suidheachadh na coimhearsnachd, is e làimhseachadh-latha an àbhaist a bhios ann. Ge b' e dè an suidheachadh a bhios ann, thèid cùram a thoirt a rèir nan ìrean as àirde de chàileachd is de shàbhailteachd, leis an neach an urra ris na co-dhùnaidhean uile. Thèid cuideam a chur air dèanamh cinnteach gum faigh daoine air ais don taigh no don choimhearsnachd cho luath agus a tha iomchaidh, leis gur ann ach an ìre as ìsle de chunnart gun tèid an cur a-steach a-rithist.'

Mar bhunait ri libhrigeadh nan seirbheisean-slàinte is nan seirbheisean-cùraim ann an *Alba tha Ro-innleachd Càileachd SNS*. Is iad na trì amasan bunaiteach a thaobh càileachd a tha ann cùram a tha sàbhailte, èifeachdach agus a chuireas cuideam air a' phearsa a ghabhas toirt a-mach tro atharrachadh agus leasachadh. Tha an cuideam air com-pàirteachas eadar euslaintich, na teaghlaichean aca agus an fheadhainn a bheir seachad seirbheisean cùram-slàinte a tha mothachail air feumalachdan is luachan air leth agus a tha stèidhichte air conaltradh follaiseach. Tha cur air adhart spèise is fiosrachaidh mun Ghàidhlig ann an ullachadh nan seirbheisean aig SNS na h-Alba a rèir nan amasan seo, a' dèanamh cinnteach gun tèid seirbheis-slàinte den ìre as àirde a shìneadh ri luchd na Gàidhlig anns a' chànan aca fhèin agus a' cur ri gleidheadh na Gàidhlig ann an Alba.

1.3 Gàidhlig ann an Raon-obrachaidh SNS na h-Alba

Sheall Cunntas-sluaigh na Rìoghachd Aonaichte ann an 2001 gun robh comas air choreigin ann an Gàidhlig aig 58,652 neach aig aois trì agus nas sine (1.2% de shluagh na h-Alba)⁵. B' iad na sgìrean-comhairle leis an ìre a b' àirde de chomas Gàidhlig na h-Eileanan Siar (18,420), A' Ghàidhealtachd (18,360) agus Earra-Ghàidheal is Bòid (6,520) leis a' cheudadan a bu mhotha den t-sluagh a bha eòlach air a' Ghàidhlig aig 72%. Nochd an Cunntas cuideachd gun robh 10% de luchd na Gàidhlig ann an Alba a' fuireach ann an Glaschu. Dh'atharraich na nòsan a thaobh cleachdadh na Gàidhlig sna bliadhnaichean eadar an dà Chunntas ann an 1991 is 2001, rud a chuir an cèill gu bheil i a' gluasad bho chànan-labhairt air a' chuid as motha gu cànan a thathar a' labhairt, a' leughadh is a' sgrìobhadh. Bha ìsleachadh anns an fheadhainn a bhruidhneadh, a leughadh **no** a sgrìobhadh Gàidhlig de 3,800 (6%), agus chaidh an fheadhainn le barrachd comais ann an Gàidhlig **a** bhruidhneadh, a leughadh **agus** a sgrìobhadh an cànan, suas 1,800 (6%). Ach, cha robh ach 430 a bharrachd de dhaoine òga aig aois còig gu naoi a bhruidhneadh Gàidhlig ann an 2001 seach ann an 1991. Thathar air taic a chomharrachadh am measg slugh na h-Alba ris a' Ghàidhlig le sgrùdadh ann an 2011⁶ a nochd gun do dh'aontaich cha mhòr 80% den luchd-fhreagairt gun robh a' Ghàidhlig cudromach do chultar is do dhualchas na h-Alba agus nach bu chòir gun rachadh seo a chall.

⁴ NHSScotland, 2011

⁵ GROS Report on Gaelic language from the 2001 Census: [http://www.gros-scotland.gov.uk/press/news2005/scotlands-census-2001-gaelic-report.html](http://www.gros.scotland.gov.uk/press/news2005/scotlands-census-2001-gaelic-report.html)

⁶ C. West and A. Graham, "Attitudes Towards the Gaelic Language", *The Scottish Government* (2011)

Thathar an dùil ann an reachdas gun gabh seirbheisean cùram-slàinte beachd air ciamar a dhèanadh iad cinnteach nach bi bacadh ro euslaintich no ris a' phoball le ciad chànan seach a' Bheurla gus cothrom fhaighinn air seirbheisean. Buinidh sin ris a' Ghàidhlig cho math ri cànan sam bith eile. Cuideachd, tha Plana na Gàidhlig ag iarraidh gun cuidich buidhnean poblach gus a chur ri follaiseachd na Gàidhlig san t-saoghal phoblach le bhith a' gabhail chothroman gus a' Ghàidhlig a chleachdadh ann an dòigh a bheir dhi an aon inbhe ris a' Bheurla. Tha ùghdarras aig SNS na h-Alba a tha a' sìneadh ris gach sgìre agus coimhearsnachd ann an Alba agus tha i na fhastaidhear mòr ann am mòran sgìrean. Le bhith a' gabhail ris a' Ghàidhlig far a bheil cothroman iomchaidh gus a leithid a dhèanamh, cuidichidh sinn ri cur air adhart na Gàidhlig don luchd-obrach agus do dh'euslaintich mar mhìr a tha aig cridhe an t-saoghail phoblaich ann an Alba.

1.4 Plana Gàidhlig SNS na h-Alba

Tha am plana seo a' gabhail beachd air àite na Gàidhlig ann an ìomhaigh, ann am fiosrachadh sgrìobhte agus ann an trèanadh luchd-obrach le rùn eòlas air a' Ghàidhlig a chur air adhart agus taic a chur ri cothroman air libhrigeadh sheirbheisean aig ìre àrd de chàileachd airson luchd-labhairt is luchd-leughaidh na Gàidhlig.

Tha e cudromach toirt fa-near nach e buidheann phoblach leatha fhèin a tha ann an SNS na h-Alba agus gur h-e seo an t-ainm coitcheann a tha air rian cùram-slàinte poblach na h-Alba. Mar a chaidh a chomharrachadh gu h-àrd, tha a' chuid as motha de mhaoineachadh SNS ann an Alba ga thiomnadh do bhùird-shlàinte a tha nam buidhnean poblach cunntachail fa leth len cuid chruthan a thaobh riaghlaidh gus co-dhùnaidhean a ghabhail a rèir chumhaichean air an aontachadh gu nàiseanta. Tha cuid de na co-dhùnaidhean maoineachaidh no dreuchdail gan gabhail gu nàiseanta agus buinidh am Plana Gàidhlig seo aig SNS na h-Alba, le aonta bho Bhòrd na Gàidhlig, ri co-dhùnaidhean mu sheirbheisean aig ìrean nàiseanta. Mar sin, tha uachdranachd laghail aige thairis air sreath sheirbheisean air leth seach na bhios na bùird ionadail a' toirt seachad agus cuid de na seirbheisean bunaiteach a bhios bùird-shlàinte nàiseanta a' toirt seachad. Ghabhadh Planaichean Gàidhlig le bùird-shlàinte air leth, nan rachadh a leithid iarraidh, gnothach ri seirbheisean eile seach na tha sa phlana seo a chuir SNS na h-Alba ri chèile. Tha na bùird-shlàinte ionadail leis an àireamh as motha de luchd Gàidhlig a dh'fheumas na planaichean aca fhèin ullachadh mar-thà gus gnothach a ghabhail ri libhrigeadh sheirbheisean gu h-ionadail agus thèid Plana Gàidhlig SNS na h-Alba còmhla ris na planaichean seo. Mar eisimpleir, am measg nan seirbheisean air am faod SNS na h-Alba buaidh dhìreach a thoirt a thaobh na Gàidhlig, tha:

- Aontaidhean nàiseanta mu cheannach
- Leasachadh agus foghlam luchd-obrach
- Fiosrachadh bunaiteach mu SNS na h-Alba do dh'euslaintich agus don phoball.

Am measg eisimpleirean de na seirbheisean no de na co-dhùnaidhean a bhios bùird-shlàinte **ionadail no** nàiseanta a' dèanamh agus air nach eil a rèir sin smachd dìreach aig SNS na h-Alba, tha mar a leanas:

- Bileagan-fiosrachaidh mu sheirbheisean ionadail
- Co-dhùnaidhean mu ullachadh sheirbheisean ionadail mar eisimpleir, sanasan ann an taighean-eiridinn (ged a chuirear co-dhùnaidhean le buaidh mhòr a thaobh maoinachaidh no a bhios a' bualadh gu farsaing, leithid taigh-eiridinn a dhùnadh, air ais do mhinistearan mar as trice gus an dearbhadh)
- Seiseanan ionadail ann an trèanadh is ann am fiosrachadh
- Fastadh luchd-obrach

2. Geallaidhean SNS na h-Alba

Tha sinn air sreath de ghnìomhan a chur ri chèile fo na cinn Ìomhaighean, Conaltradh is Luchd-obrach, mothachail air na cruthan a dh'fhaodas buaidh nàiseanta a thoirt. Tha sinn air dòigh-dèiligidh ceum air cheum a ghabhail, agus srianadh air ionmhas mar a tha e an-dràsta, agus tha sinn an dùil cur ris na goireasan a tha ann an-dràsta far a bheil sin comasach.

2.1 Ìomhaigh

Carson a tha ìomhaigh cudromach airson SNS na h-Alba

Dh'fhàs SNS na h-Alba na cuid stèidhichte de shaoghal na h-Alba agus de cheàrnaidhean eile den Rìoghachd Aonaichte bho chaidh a cruthachadh còrr is trì fichead bliadhna air ais. Tha a bhith a' dèanamh cinnteach gum bi fios aig a' phoball gu bheil iad ann an làmhnan sàbhailte ann an SNS na chuid chudromaich de chùram-slàinte, a' togail earbsa sa bhad a' cleachdadh shamhlaidhean a dh'aithnicheas daoine gun dàil. Ann an saoghal an latha an-diugh sa bheil sruthan gun stad de dh'fhiosrachadh, leithid naidheachdan is sanasachd-reic, tha sanasan faicsinneach nas cudromaiche na bha iad riamh.

Is e mìr bunaiteach de bhrand SNS na h-Alba a tha san ìomhaigh fhaicsinnich no 'suaicheantas'. Tha seo na mhìr a dh'aithnichear den bhrand anns am bi muinntir na h-Alba a' cur earbsa. Bidh an suaicheantas a' leigeil le daoine seirbheisean a bhios SNS na h-Alba a' toirt seachad a chomharrachadh agus tha e na dhealbh de na h-amasan againn mu na h-ìre as àirde càileachd de chùram-slàinte – cùram a tha sàbhailte, èifeachdach agus a chuireas cuideam air a' phearsa. Tha brand SNS na h-Alba ga chleachdadh leis na Bùird-slàinte uile ann an Alba. Tha e air a dhèanamh suas le cuid de dh'èilimeidean: na litrichean: 'NHS' os cionn nì air a bheil 'uidheam-cùraim'. Fo seo, ann am brand SNS na h-Alba, tha am facal 'Scotland'.



Tha an dreach nàiseanta den t-suaicheantas ga chleachdadh anns a' chonaltradh uile airson SNS na h-Alba agus le feadhainn de na Bùird-slàinte Sònraichte leithid Seirbheis Carbad-eiridinn na h-Alba. Tha an dreach fhèin de shuaicheantas SNS na h-Alba aig na bùird-slàinte ionadail agus aig a' chuid as motha de na bùird-slàinte nàiseanta far a bheil an àite an fhacail 'Scotland' ainm na sgìre leithid 'Greater Glasgow and Clyde' no ainm a' Bhùird, leithid 'National Services Scotland':



Aithnichear an ìomhaigh fhaicsinneach anns a' bhad agus bidh i a' leigeil le muinntir na h-Alba fios a bhith aca gu bheil an cùram-slàinte a bhios iad a' faighinn ga thoirt seachad le Seirbheis Nàiseanta na Slàinte, ge b' e cà bheil iad no dè an t-eagrachadh ris a bheil iad a' beantainn.

Carson a tha ìomhaigh cudromach airson na Gàidhlig

Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig ag ràdh gu bheil ìomhaigh adhartach na mhìr bunaiteach gus cànan beag a leasachadh. Tha seasmhachd na Gàidhlig a' gabhail a-steach cur ri follaiseachd agus ìomhaigh dhearbhadh a chruthachadh don Ghàidhlig ann am beatha phoblach na h-Alba.

An cothrom aig SNS na h-Alba cuideachadh

Tha sinn mothachail air a' chuideachadh nach beag a dh'fhaodas SNS na h-Alba cur ri inbhe na Gàidhlig ann am beatha phoblach na h-Alba. Is e a tha ann an SNS na h-Alba ach structar a dh'aithnichear air feadh na h-Alba agus, ga toirt mar aon chnap còmhla, is i am fastaidhear as motha ann an Alba. Tha àite cudromach againn ann am beatha làitheil dhaoine, a' toirt aire do na h-uile fad am beatha. Tha seo air sìneadh gun choimeas a thoirt dhuinn an taca ri buidhnean is eagrachaidhean eile ann am beatha làitheil dhaoine ann an Alba. Tha sinn den bheachd gur h-e cleachdadh shamhlaidhean le Gàidhlig aig an aon ìre ris a' Bheurla an dòigh cheart agus gun cuireadh Gàidhlig air suaicheantas SNS na h-Alba ri barrachd aithneachaidh don Ghàidhlig anns a' bheatha phoblaich.

Ach, le srianadh air ionmhas mar a tha e an-dràsta air na seirbheisean poblach uile, chan eil sinn an dùil gu bheil an t-àm ann an-dràsta obair-bhrannaidh ùr a ghabhail os làimh.

Na nì sinn

Ri linn don phlana seo a bhith ann, nì sinn measadh slàn air branndadh san dà chànan air suaicheantas SNS na h-Alba agus mar a dh'fhaodte a chleachdadh agus a chur an gnìomh ann an dòighean-conaltraidh bunaiteach. Bithear a' beachdachadh air:

- A bhith mothachail air inbhe. A' dèanamh atharrachaidhean air mìrean ceangailte ri ìomhaigh a bhios mòran dhaoine a' faicinn no aig a bheil brìgh chudromach.

- A bhith mothachail air àireamh luchd na Gàidhlig ann an sgìre. A' dèanamh atharrachaidhean air làraichean / seirbheisean an toiseach ann an raointean far a bheil fios gu bheil àireamh nach beag de luchd-labhairt na Gàidhlig
- A bhith mothachail air làrach nan cas. A' dèanamh atharrachaidhean air làraichean / seanailean far a bheil fios gu bheil àireamh mhòr de luchd-labhairt na Gàidhlig / luchd-tadhail an toiseach.

Gabhaidh sinn beachd cuideachd air cleachdadh branndaidh san dà chànan anns a' chonaltradh uile le SNS ann an Alba gus am faic am poball an aon inbhe don Ghàidhlig is don Bheurla ann an obair SNS na h-Alba bho latha gu latha. Gabhaidh sinn beachd cuideachd air a bhith a' cleachdadh an t-suaicheantais san dà chànan san èideadh ùr aig SNS na h-Alba.

Ri linn don phlana seo a bhith ann nì sinn ceangal ris a h-uile fear de na bùird-shlàinte aig SNS na h-Alba mu leasachaidhean a dh'fhaodadh a bhith ann agus mu chleachdadh shuaicheantas anns an dà chànan. Ach bidh e an urra ris na bùird-shlàinte co-dhùnaidhean air leth a dhèanamh mu fheum sam bith air tionndaidhean san dà chànan de na suaicheantais aca.

	Gnìomh	Sealbhadair	Bliadhna
1	Nì sinn measadh air a bhith a' leasachadh tionndaidh san dà chànan de shuaicheantas SNS na h-Alba	Luchd-stiùiridh Cùram-slàinte agus Cùram Sòisealta Riaghaltas na h-Alba – Conaltradh air an Taobh-a-staigh	2012 gu 2017
2	Nì sinn measadh air cosgais is buaidh an lùib suaicheantais san dà chànan aig SNS na h-Alba airson conaltraidh, foillseachaidh is sanasan iomchaidh aig SNS na h-Alba	Luchd-stiùiridh Cùram-slàinte agus Cùram Sòisealta Riaghaltas na h-Alba agus a h-uile Bòrd SNS a chleachdas suaicheantas SNS na h-Alba	2013 gu 2017
3	Gabhaidh sinn beachd air an stiùireadh mu bhrannadhadh a th' ann an-dràsta agus mar a tha e a' bualadh air cleachdadh shuaicheantas san dà chànan	Luchd-stiùiridh Cùram-slàinte agus Cùram Sòisealta Riaghaltas na h-Alba – Conaltradh air an Taobh-a-staigh/Calpa is Goireasan	2012 gu 2017
4	Nì sinn ceangal ris na Bùird-shlàinte uile gus beachd a ghabhail air a' bhuidhe a bheir branndadhadh anns an dà chànan air an cuid làraichean is sheirbheisean	Luchd-stiùiridh Cùram-slàinte agus Cùram Sòisealta Riaghaltas na h-Alba – Conaltradh air an Taobh-a-staigh/Calpa is Goireasan	2012 gu 2017
5	Gabhaidh sinn beachd air a' bhuidhe is a' chosgais a tha an lùib cleachdadh suaicheantas SNS san dà chànan san ath-bhreithneachadh air sònrachadh a thaobh èididh	Luchd-stiùiridh Cùram-slàinte is Cùram Sòisealta Riaghaltas na h-Alba agus na Bùird uile aig SNS a chleachdas suaicheantas SNS na h-Alba	2013

2.2 Conaltradh

Carson a tha conaltradh cudromach airson SNS na h-Alba

Mir cudromach de chùram-slàinte SNS na h-Alba, is e gum measar euslaintich agus am poball nan com-pàirtichean ri luchd-solair nan seirbheisean, air a chomharrachadh ann an *Ro-innleachd Càileachd SNS na h-Alba*. Tha seo a' ciallachadh gum bi am fiosrachadh uile a tha a dhìth aig euslaintich, aig luchd-cùraim agus aig luchd-solair nan seirbheisean gus co-dhùnaidhean fiosrachail a ghabhail mu shlàinte is mu chùram-slàinte agus gum bi am fiosrachadh uile aig luchd-solair nan seirbheisean mu euslaintich gus fiosrachadh a chur an cèill gu h-èifeachdach. Mar eisimpleir, is dòcha gum biodh euslainteach no neach-cùraim ag iarraidh fiosrachaidh mu chor-slàinte; cuideigin ag imrich gu sgìre ùr ag iarraidh faighinn a-mach cà bheil an dotair-teaglaich as fhaighe; dh'fhaodadh daoine ann an coimhearsnachd a bhith ag iarraidh faighinn a-mach dè na co-dhùnaidhean a thathar a' gabhail mu thoirt seachad sheirbheisean ionadail; agus bidh luchd-solair nan seirbheisean ag iarraidh faighinn a-mach dè an cànan as fheàrr le euslaintich agus dè cho comasach agus a tha iad air leughadh anns a' Bheurla. Gheibhear fiosrachadh do dh'euslaintich agus don phoball le bhith a' leughadh bhileagan, cothrom air làraichean-lìn, ann an labhairt no le sruthan-conaltraidh eile a fhreagras air feumalachdan agus faodar na sruthan-conaltraidh seo a chumail suas le no às leth SNS na h-Alba no le seirbheisean cùram-slàinte ionadail. Tha deagh chonaltradh deatamach gus deagh chùram-slàinte a thoirt seachad, airson nan toraidhean as fheàrr buileach do dh'euslaintich agus gus co-dhùnaidhean le deagh chàileachd a ghabhail gus na feumalachdan aig euslaintich, luchd-cùraim agus coimhearsnachdan a thoirt a-mach.

Carson a tha conaltradh cudromach airson na Gàidhlig

Is e cànan beò a thathar a' sgrìobhadh is a' bruidhinn a tha sa Ghàidhlig. Tha plana nàiseanta na Gàidhlig a' comharrachadh cho cudromach agus a tha am facal sgrìobhte agus mar a chuidicheas e ri mòran amasan sa phlana nàiseanta. Cuiridh barrachd Gàidhlig ann an clò, ga craoladh agus air an Lìon ri mothachadh mun chànan am measg nan uile agus bheil e an cothrom do luchd-labhairt ùr na sgìlean aca a chleachdadh. Faodaidh fileantaich a bhith cinnteach gu bheil an aon inbhe aig a' chànan aca agus a tha aig a' Bheurla ann an Alba agus cothrom fhaighinn air fiosrachadh a fhreagras air na feumalachdan cànan aca.

An cothrom aig SNS na h-Alba cuideachadh

Tha sruthan-conaltraidh an latha an-diugh a chleachdas am facal sgrìobhte gu math pailt agus nam mìr bunaitheach de chùram-slàinte. Mar eisimpleir, bidh mu 30,000 ag amas air NHS Inform, an làrach-lìn le fiosrachadh mu shlàinte aig SNS na h-Alba, bho mhuinntir na h-Alba. Tha seo na chothrom barraichte do SNS na h-Alba Gàidhlig a chleachdadh ann an cruth sgrìobhte ann am barrachd conaltraidh, rud a chuireas ri cur air adhart cleachdadh, inbhe is corpus na Gàidhlig.

Na nì sinn

Tha sinn ag iarraidh gun tèid aig luchd na Gàidhlig air feadh na h-Alba air cothrom fhaighinn air conaltradh is fiosrachadh gun strì. Is e a' chiad ghnìomh a bhios againn Plana Gàidhlig SNS na h-Alba fhoillseachadh anns an dà chànain. Fhadis a bhios am plana ga chur an gnìomh, nì sinn a' Ghàidhlig mar chuid gu math bunaiteach de na sruthan-conaltraidh againn. Thèid a' Ghàidhlig a thoirt a-steach don obair againn gus càileachd is cothrom air fiosrachadh do dh'euslaintich a leasachadh, le bhith a' cur ris an stiùireadh aig SNS na h-Alba mu Dhearbhadh-càileachd is Ruigsinneachd.

#	Gnìomh	Sealbhadair	Bliadhna
1	Foillsichidh sinn Plana Gàidhlig SNS na h-Alba san dà chànain, rud a nochdas an aon spèis don Ghàidhlig agus don Bheurla.	Slàinte SNS na h-Alba	2012
2	Sgaoilidh sinn fiosrachadh bunaiteach mu cheanglaichean aig a' phoball ris a' Ghàidhlig	Comhairle Slàinte na h-Alba	2012
3	Sgaoilidh sinn an giorrachadh air Cairt Còraichean is Uallaichean Euslainteach SNS na h-Alba ann an Gàidhlig	Fiosrachadh Còraichean Slàinte na h-Alba	2012
4	Cuiridh sinn tàbhachd air a' Ghàidhlig nuair a bhios modal mu ullachadh anns a' mheadhan mu fhiosrachadh poblach air eadar-theangachadh ga chur ri chèile againn.	NHS 24	2012-13
5	Nì sinn ullachadh airson Gàidhlig ann am Frèam Dearbhadh-càileachd is Ruigsinneachd air fiosrachadh poblach	NHS 24	2012-13

2.3 Luchd-obrach

Carson a tha an luchd-obrach cudromach airson SNS na h-Alba

Tha an aon amas aig a h-uile duine ann an luchd-obrach SNS na h-Alba – slàinte dhaoine a leasachadh agus cùram a chuireas cuideam air a' phearsa agus a tha sàbhailte is èifeachdach a thoirt seachad co dhiubh a tha iad nan luchd-giùlain, nan rada-eòlaichean, nan dotairean coitcheann, nan luchd-rianachd sheirbheisean, luchd-fàilteachaidh, luchd-sàbhailteachd – agus càch. Tha seirbheisean-slàinte èifeachdach an crochadh air na comasan a bheir daoine don obair agus a leasaicheas iad fhad is a tha iad ag obair aig SNS na h-Alba. Tha an ìre de chùram-slàinte an crochadh air an togair leis an cleachdar an comas sin, agus luachan SNS a bhith mar bhunait anns am faodar na toraidhean as fheàrr a thaobh slàinte is eile a

thoirt do dh'euslaintich. Le barrachd is 150,000 de luchd-obrach air feadh na h-Alba, 7% de luchd-obrach na dùthcha, a tha a' cur ri comas agus ag obair a rèir nan luachan ceudna, bidh SNS na h-Alba a' cur ri beothalachd is spionnadh beatha phoblach na h-Alba.

Carson a tha an luchd-obrach cudromach airson na Gàidhlig

Tha àite cudromach aig suidheachadh na h-obrach ann am beatha dhaoine far am bi mòran a' cur seachad tòrr ùine gach seachdain. Mar eisimpleir, faodaidh luchd-obrach eòlas a chur air a' Ghàidhlig bho luchd-obrach eile sna h-eagrachaidhean aca. Faodaidh leasachadh luchd-obrach cuideachadh gus seirbheisean a dhèanamh nas fheàrr do luchd na Gàidhlig a' cur feum air seirbheisean agus ri follaiseachd is aithneachadh na Gàidhlig ann an Alba. Faodaidh an fheadhainn a tha ag ionnsachadh no a tha fileanta sa Ghàidhlig an cuid eòlais a thairgse don fhastaidhear aca, a' cur ri toileachadh-obrach agus cleachdadh na Gàidhlig anns an ionad-obrach.

An cothrom aig SNS na h-Alba cuideachadh

Tha cothrom miorbhaileach againn seach gu bheil an luchd-obrach as motha ann an Alba aig SNS na h-Alba. Fhreagrachd fàilte air a' Ghàidhlig a-steach ann an ionad-obrach SNS gu math air luachan farsaing SNS agus na tha i a' gealltainn a thaobh eugsamhlachd. Tha ionadan-obrach SNS na h-Alba a' còmhach na dùthcha gu lèir agus tha daoine às a h-uile suidheachadh mar chuid de sgiobaidhean an luchd-obrach. Tha sìneadh taic an ionaid-obrach ann an SNS na h-Alba gun choimeas mar sin.

Na nì sinn

Cuiridh sinn ri follaiseachd is aithneachadh na Gàidhlig le bhith a' foillseachadh stiùiridh mu Phlana Gàidhlig SNS na h-Alba airson an luchd-obrach againn agus a' treòrachadh an luchd-obrach againn gu cothroman gus Gàidhlig ionnsachadh. Bheir leasachadh luchd-obrach a-steach trèanadh airson luchd-obrach mu chuideam na Gàidhlig don sgìre aca agus faighnichidh sinn de thagraichean-obrach mun chomas Ghàidhlig aca.

#	Gnìomh	Sealbhadair	Bliadhna
1	Foillsichidh sinn stiùireadh airson an luchd-obrach mu Phlana Gàidhlig SNS na h-Alba	Slàinte SNS le h-Alba le taic bho Fhoghlam SNS na h-Alba	2012
2	Treòraichidh sinn luchd-obrach gu cothroman gus Gàidhlig ionnsachadh	Foghlam SNS na h-Alba	Ga dheasbad
3	Comharraichidh sinn raointean tàbhachdach a thaobh leasachadh luchd-obrach a leasachaicheas cùram airson luchd Gàidhlig a' cur feum air seirbheisean, mar eisimpleir cùram do sheann daoine, ann an suidheachaidhean-èiginn no airson luchd-obrach sna bliadhnaichean-toisich	Foghlam SNS na h-Alba	2014
4	Cuiridh sinn taic ri leasachadh luchd-obrach ann an raointean tàbhachdach air an comharrachadh a leasachaicheas cùram airson luchd Gàidhlig a' cur feum air seirbheisean, mar eisimpleir cùram do sheann daoine, ann an suidheachaidhean-èiginn no airson luchd-obrach sna bliadhnaichean-toisich	Foghlam SNS na h-Alba	2015
5	Atharraichidh sinn bileag-iarrtais SNS na h-Alba gus faighneachd de thagraichean mu chleachdadh na Gàidhlig	Luchd-obrach Roinn na Slàinte aig Riaghaltas na h-Alba	2015

3. Cur an Gnìomh is Dearcnachadh

Thèid Buidheann-obrach Plana Gàidhlig SNS a stèidheachadh le riochdachadh bho na h-eagrachaidhean is na roinnean a' gabhail nan gnìomhan air an aontachadh sna h-earrannan roimhe seo, le SNS na h-Alba sa chathair agus le rùnaireachd ga toirt seachad le SNS na h-Alba. Cuiridh a' Bhuidheann-obrach plana cur-an-gnìomh ri chèile, le dearcnachadh is measadh follaiseach. Thèid aithisgean-dearcnachaidh a chur a-steach a rèir iarrtais gu Bòrd na Gàidhlig agus thèid aithisg air adhartas a thoirt don Àrd-stiùiriche ri Cùram-slàinte is Cùram Sòisealta agus do Cheannard SNS na h-Alba. Thèid am Plana ath-bhreithneachadh an taobh a-staigh mar a dh'iarrar fo Achd 2005.

4. San Dealachadh

Tha rùn aig SNS na h-Alba àite a bhith aice ann an cur air adhart cleachdadh na Gàidhlig san t-saoghal phoblach cho math ri toirt air falbh bhacaidhean a thaobh cànan air ullachadh sheirbheisean-slàinte aig an aon ìre don t-sluagh air fad. Tha sinn air beachd a ghabhail air suidheachadh na Gàidhlig am measg sluagh na h-Alba agus air sgrùdadh a dhèanamh ciamar a thogas sinn air na cruthan air seirbheisean a tha ann gus cleachdadh is cur air adhart na Gàidhlig a neartachadh. Dh'aontaich sinn, ann an comhairle leis a' Bhòrd, gum b' e ìomhaigh, conaltradh is luchd-obrach na raointean as fheàrr far am faod sinn cleachdadh na Gàidhlig a stèidheachadh agus a neartachadh. Tha sinn air dòigh-dèiligidh ceum air cheum a ghabhail agus tha sinn a' measadh nan gnìomhan againn mar thoiseach-tòiseachaidh gus cleachdadh na Gàidhlig a stèidheachadh ann an obraichean bunaitich SNS na h-Alba seach a bhith nan ceann-crìche annta fhèin. Tha sinn air gnìomhan sònraichte a shocrachadh gus na h-amasan seo a thoirt gu buil a ghabhas sinn sna còig bliadhnaichean air thoiseach agus tha e san amharc againn buidheann-obrach a stèidheachadh gus cur-an-gnìomh ceum air cheum a dhearcnachadh is a chuideachadh.

Tha sinn a' toirt dhuibh a' phlana seo ann an dreachd gus am faod sibh beachd a ghabhail air agus nì sinn fiughair ri bhith ag obair leibh gus a' Ghàidhlig a stèidheachadh ann am beatha làitheil na h-Alba.